

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Raibeart Sibbald

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 861. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 557 corresponds to Litir 861.

As t-fhoghar an-uiridh chaidh urram sònraichte a bhuileachadh air an Àrd-ollamh Teàrlach Withers. Tha e na àrd-ollamh de Chruinn-eòlas ann an Oilthigh Dhùn Èideann. Chaidh ainmeachadh an-uiridh mar Chruinn-eòlaiche Rìoghail na h-Alba.

Nise, cha robh a leithid againn airson greis mhòr. Am fear mu dheireadh a bha na Chruinn-eòlaiche Rìoghail, bha an t-urram air a bhuileachadh air leis a’ Bhanrigh Bhictoria. **Cha b’ ann an-dè a bha sin!**

Dè bhios Cruinn-eòlaiche Rìoghail a’ dèanamh? Uill, bidh e na thosgair airson Cruinn-eòlas aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Faodaidh e a bheachd a thoirt air blàthachadh na cruinne, goireasan siubhail, mapaichean, in-imrich, teagasg cruinn-eòlais agus eile. Agus cha dèan e cron air a’ Ghàidhlig gu bheil an inbhe sin air Teàrlach Withers. Tha e gu math fiosrachail mu eachdraidh agus cruinn-eòlais a’ chànain. ’S e a sgrìobh an leabhar *‘Gaelic in Scotland 1698-1981: The Geographical History of a Language’*.

Chaidh an dreuchd – Cruinn-eòlaiche Rìoghail na h-Alba – a chruthachadh o chionn còrr is trì cheud bliadhna nuair a bha Teàrlach II air a’ chathair rìoghail. B’ e a’ chiad duine san dreuchd Sir Raibeart Sibbald. Bhuineadh Sibbald do Dhùn Èideann agus dh’èirich e gu bhith na Àrd-ollamh (a’ chiad fhear) ann an Eòlas-leigheis ann an Oilthigh Dhùn Èideann. Bha e am measg stèidheadairean na dà chuid – Colaiste Rìoghail nan Lighichean ann an Dùn Èideann agus an Lios Luibheach Rìoghail anns an aon bhaile. Bha ùidh agus eòlas aige air lusan, ainmhidhean, eachdraidh – agus cruinn-eòlas.

Ann an sia ceud deug, ochdad ’s a dhà (1682), chaidh an tìotal Cruinn-eòlaiche Rìoghail na h-Alba a bhuileachadh air. Bhathar an dùil gun sgrìobhadh Sibbald trì leabhraichean. Bhiodh a’ chiad fhear – *Scotia Illustrata* – mu dheidhinn nàdar. Agus bhiodh dà leabhar ann mu chruinn-eòlas – *Scotia Antiqua* agus *Scotia Moderna*. Tuigidh sibh fhèin an diofar eatarra! Ach, gu mì-fhortanach, ’s e *Scotia Illustrata* a-mhàin a thàinig a-mach ann an clò. Chleachd feadhainn eile obair Sibbald, ge-tà, mar bhun-stèidh do na leabhraichean aca fhèin.

Rinn Sibbald aon rud a tha fìor chudromach dhuinn an-diugh. Fhuair e grèim air cuid de na mapaichean a rinn Timothy Pont aig deireadh an t-siathamh linn deug. Chaidh na pàipearan aige, agus stuth Phont nam measg, do Leabharlann an Luchd-tagraidh nuair a chaochail e agus mar sin tha iad againn ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba. Abair gu bheil iad prìseil!

Mar a bha mi ag ràdh, bha ùidh mhòr agus ùghdarras mòr aig Sibbald a thaobh nàdar. Rinn e a’ chiad thuaisgeul saidheansail dhen mhuic-mhara ghuirm. Chaidh an creutair – am fear as motha san t-saoghal – ainmeachadh an toiseach mar *Sibbaldus*. An-diugh tha e anns

an *genus Balaenoptera*. Tha *genus* luis ann air a bheil *Sibbaldia*. 'S e sin an t-ainm a th' air iris bhliadhnail a tha Lios Luibheach Rìoghail Dhùn Èideann a' foillseachadh.

Agus tha sin gam thoirt gu rudeigin nach eil cho math a rinn Raibeart Sibbald. Co-dhiù bidh daoine ga choireachadh air a shon. Tha eun air am bi sibh eòlach, ma tha sibh air a bhith a' coiseachd nam beann ann an Alba – an **tàrmachan** no **tormachan**. Tha an t-ainm ciallach. Ach cha do thuig Sibbald gur ann bhon Ghàidhlig a thàinig ainm Beurla an eòin. Agus sgrìobh e e le 'p' aig an toiseach – *ptarmigan*. 'S iomadh rud math a rinn e, ach cha b' e sin fear dhiubh!

* * * * *

Faclan na Litreach: cruinn-eòlas: *geography*; Cruinn-eòlaiche Rìoghail na h-Alba: *Geographer Royal for Scotland*; tosgaire: *ambassador*; in-imrich: *immigration*; inbhe: *status*; dh'èirich e: *he rose*; Colaiste Rìoghail nan Lighichean: *The Royal College of Physicians*; Lios Luibheach Rìoghail: *The Royal Botanic Gardens*; Leabharlann an Luchd-tagraidh: *The Advocates' Library*; Leabharlann Nàiseanta na h-Alba: *The National Library of Scotland*; iris: *magazine*.

Abairtean na Litreach: As t-fhoghar an-uiridh: *in autumn last year*; chaidh urram sònraichte a bhuileachadh air an Àrd-ollamh Teàrlach Withers: *a special honour was bestowed upon Professor Charles Withers*; faodaidh e a bheachd a thoirt air blàthachadh na cruinne: *he can give his opinion on global warming*; nuair a bha Teàrlach II air a' chathair rìoghail: *when Charles II was on the throne*; am measg stèidheadairean na dà chuid: *among the founders of both*; bha ùidh agus eòlas aige air: *he had an interest in, and knowledge of*; bhathar an dùil gun sgrìobhadh Sibbald trì leabhraichean: *it was expected that Sibbald would write three books*; tuigidh sibh fhèin an diofar eatarra: *you (yourself) will understand the difference between them*; 's e X a-mhàin a thàinig a-mach ann an clò: *it was only X that was published [came out in print]*; mar bhun-stèidh do na leabhraichean aca fhèin: *as a basis for their own books*; aig deireadh an t-siathamh linn deug: *at the end of the sixteenth century*; abair gu bheil iad priseil: *they are really valuable*; a' chiad thuairisgeul saidheansail dhen mhuc-mhara ghuirm: *the first scientific description of the blue whale*; bidh daoine ga choireachadh air a shon: *people blame him for it*; 's iomadh rud math a rinn e, ach cha b' e sin fear dhiubh: *he did many good things but that wasn't one of them*.

Puing-chànain na Litreach: **tàrmachan** no **tormachan:** *the Wester Ross form of tàrmachan – tormachan – gives us an indication of the origin of the bird's name. It is based on torm 'murmur', a description of the bird's call. It is one of the evocative sounds of our high mountains! Robert Sibbald gave it a pseudo-Greek flavour by writing it 'ptarmigan' in English, even though old Scots forms have it starting with a 't'. Thus we are stuck with what appears to be an etymological anomaly. The bird has a few other names, some of them evocative and relating to its turning white and living above the snowline in winter – gealag-bheinne, eun-bàn an t-sneachda, sneachdag and sneachdaire. Two other names given by Dwelly defy my attempts at an etymology – smachdair and smachdan. Any thoughts?*

Gnàthas-cainnt na Litreach: **Cha b' ann an-dè a bha sin:** *that wasn't yesterday.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA